

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìre-fhoghlaim Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh airson Bun-sgoil Àth Tharracail. Gabhaidh an sgìre-fhoghlaim ùr seo thairis na sgìrean-foghlaim tro mheadhan na Beurla ann am Bun-sgoil Àth Tharracail, Bun-sgoil Shròn an t-Sìthein agus Bun-sgoil Chille Chòmhain.

Tha am moladh seo cuideachd a' stèidheachadh na sgìre-foghlaim a tha ann an-dràsta airson Àrd-sgoil Àird nam Murchan far am bi an sgìre-foghlaim airson Àrd-sgoil Àird nam Murchan a' buntainn ri Foghlam Meadhan Gàidhlig agus na Beurla.

An t-Samhain 2021

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) ann an co-rèir ri teirmichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìrean-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha mion-fhiosrachadh goirid ann an Roinn 2 na h-aithisge air a’ phròiseas chonaltraidh. Tha Roinn 3 na h-aithisge ag innse beachdachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach aig luchd-comhairle. Tha Roinn 4 a’ toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a’ mholadh. Nuair a gheibhear an aithisg seo, tha Achd 2010 ag òrdachadh gum bi a’ chomhairle a’ beachdachadh air agus an uair sin ag ullachadh aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach. Bu chòir gum bi an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a’ mholadh, a rinneadh ath-sgrùdadh air a’ chiad mholadh, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingean a chaidh a thogail anns a’ phròiseas chonaltraidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- na buaidhean a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann agus òganaich sna sgoiltean; agus luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus òganaich eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean coltach sam bith eile aig a’ mholadh;
- ciamar a tha a’ chomhairle an dùil a bhith a’ lùghdachadh no a’ seachnadh bhuidhean dona sam bith a dh’fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle an dùil a thig bho thoirt gu buil a’ mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na gnìomhachasan seo os làimh:

- làthaireachd aig a’ choinneimh phoblaich bhiortual air a chumail air 29 Sultain 2021 a thaobh molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh ceangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- beachdachadh bhiortual le luchd-comhairle buntainneach.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh co-chomhairleachadh air a’ mholadh/na molaidhean aca a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#). Ruith an co-chomhairleachadh foirmeil bho 23 Lùnastal 2021 gu 8 Dàmhair 2021. Chaidh am pàipear molaidh a sgaoileadh gu raon farsaing de luchd-ùidhe agus daoine le com-pàirt sa chùis. Chaidh cuireadh a thoirt do luchd-compàirt freagairt a thoirt don cho-chomhairleachadh reachdail le litir no gu dealanach. Fhuaras ochd freagairtean. Chuir Bòrd na Gàidhlig mar chomhairliche reachdail taic ris na molaidhean. Dh’iarr iad gum biodh plana soilleir aig a’ chomhairle airson Foghlam Meadhan

Gàidhlig a thòiseachadh aig Bun-sgoiltean Àird Ghobhar agus Loch Àlainn, stèidhichte air ùidh phàrantan. Thug Comann nam Pàrant fa-near gum faodadh am moladh pàrantan a thàladh gu Foghlam Meadhan Gàidhlig. Thuir iad nach eil seo co-ionann ri Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith ri fhaighinn anns gach sgìre. Chaidh beachdan chloinne agus dhaoine òga aig ìre na bun-sgoile a shireadh. Bha seo a' toirt a-steach clann a dh'ionnsaich tron Ghàidhlig agus tron Bheurla. Chuir iad an cèill an dealas airson a bhith ag ionnsachadh a' chànain agus bha iad soilleir mu na buannachdan a thàinig às. Air feadh Foghlam Meadhan Beurla agus Gàidhlig, bhruidhinn clann air astar siubhail fada don sgoil agus buaidh suidheachadh nan rathaidean air an t-siubhal sin. Bha clann soilleir gum bu chòir Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith ri fhaighinn dhaibhsan a bha airson an t-slighe seo a thaghadh ann am foghlam na h-Alba. Dh'aithnich an fheadhainn ann am Foghlam Meadhan Beurla an luach a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànain a bharrachd.

2.2 Chùm a' chomhairle coinneamh phoblach bhiortual. Stèidhich oifigearan feallsanachd airson nam molaidhean, bheachdaich iad air àrd-bhuannachdan foghlaim agus dh'iarr iad beachdan bhon luchd-frithealaidh. Bha 18 an làthair aig a' choinneimh seo. Bha dragh aig luchd-frithealaidh mu:

- reachdas airson a bhith a' stèidheachadh solar ùr Foghlam Meadhan-Ghàidhlig;
- cur air adhart Foghlam Meadhan Gàidhlig do phàrantan;
- farsaingeachd na sgìre-foghlaim Meadhan-Ghàidhlig; agus
- mar a chuidicheadh am moladh a' chomhairle gus an targaid aca a choileanadh airson na h-àireimh de dhaoine òga ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a mheudachadh.

2.3 Is iad na cuspairean a thogadh ann am freagairtean sgrìobhte agus labhairteach:

- a h-uile bun-sgoil de bhuidhinn-sgoile cho-cheangailte Àird nam Murchan a bhith air a ghabhail a-steach don sgìre-fhoghlaim;
- stèidheachadh solar ùr airson Foghlam Meadhan Gàidhlig; agus
- cumail suas foghlam ann an sgìre dhùthchail.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha am moladh seo le Comhairle na Gàidhealtachd, ma thèid aontachadh, a' foirmealachadh na sgìre-foghlaim a tha ann an-dràsta airson Àrd-sgoil Àird nam Murchan mar a bhith a' buntainn ri Foghlam Meadhan Gàidhlig cuideachd. Tha seo a' còmhdach sgìre dhùthchail. Feumaidh cuid de dhaoine òga aig ìrean àrd-sgoile àite-fuirich air falbh bhon dachaigh tron t-seachdain air sgàth an astar siubhail. Tha aon sgoil-àraich agus aon sholar bun-sgoile airson Foghlam Meadhan Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne-sgoiltean co-cheangailte airson Àrd-sgoil Àird nam Murchan. Tha iad stèidhichte aig Bun-sgoil Àth Tharracail. Thathas a' moladh gun tèid sgìre-fhoghlaim Bun-sgoil Àth Tharracail a leudachadh gu bhith a' toirt a-steach Bun-sgoil Shròn an t-Sithein agus Bun-sgoil Chille Chòmhain. Bhiodh seo na sgìre-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha seo a' fàgail dà bhun-sgoil taobh a-muigh na sgìre-foghlaim a thathas a' moladh airson Foghlam Meadhan na Gàidhlig. Is iad seo Bun-sgoiltean Loch Àlainn agus Àrd Ghobhar. Is e adhbhar na comhairle gun a bhith a' toirt a-steach nan sgoiltean air fad gum feumadh clann astar fada a shiubhal. Dh'aontaich mòr-chuid de luchd-ùidh a bha an sàs anns a' cho-chomhairleachadh seo leis mar a bha a' chomhairle air dìreach cuid de bhun-sgoiltean a thoirt a-steach do na sgìrean-foghlaim a chaidh a mholadh. Ach, tha grunn dhòighean anns an urrainn don chomhairle droch bhuaidhean a lùghdachadh.

3.2 Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh den bheachd gu bheil cùisean co-ionannachd agus cothromachd ann a bu chòir fiosrachadh a thoirt do dhealbhadh ro-innleachdail na comhairle san àm ri teachd, nan deigheadh am moladh air adhart. Tha cha mhòr a h-uile neach-ùidh gu math dòchasach mu fhàs Foghlaim Meadhan Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne-sgoiltean co-cheangailte. Tha solar na sgoil-àraich air a lìbhrigeadh gu h-iomlan tron Ghàidhlig aig an àm seo. Tha seo stèidhichte air iarrtas phàrantan. Tha a' mhòr-chuid de chlann aig Bun-sgoil Àth Tharracail a' roghnachadh ionnsachadh tron Ghàidhlig. Tha eòlaichean-cuspair san àrd-sgoil a' meudachadh dhòighean anns am faod daoine òga ionnsachadh tron Ghàidhlig. Bu chòir don chomhairle mion-sgrùdadh a dhèanamh air adhbharan an t-soirbheachaidh seo gus taic a thoirt do fhàs a bharrachd de Ghàidhlig anns a' bhuidhinn-sgoiltean cho-cheangailte. Dh'fhaodadh seo cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil comas aig a h-uile pàrant taobh a-staigh na buidhne-sgoiltean co-cheangailte seo, a tha airson faighinn gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, sin a dhèanamh. Aig a' choinneimh phoblaich, nochd pàrantan ùidh ann a bhith a' stèidheachadh solar Foghlaim Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Loch Àlainn. Tha a' chomhairle air a ràdh gun dèan iad tuilleadh sgrùdaidh air seo. Bu chòir dhaibh cuideachd dearbhadh ciamar a lùghdaicheas iad cnapan-starra a thaobh an riatanais san stiùireadh reachdail gu bheil feum air 'co-dhiù còignear chloinne' a bhith ann gus solar Foghlaim Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh. Thathas ag aithris nach eil an àireamh riatanach de chlann so-dhèanta, no comasach a choileanadh san sgìre dhùthchail seo. Ged a tha pròiseas stèidhichte ann an reachdas, faodaidh an t-ùghdarras ionadail fhèin solar ùr Meadhain-Ghàidhlig a thòiseachadh far a bheil ùidh ann. Le bhith a' dèanamh seo, bu chòir dhaibh aire a thoirt do cho-theacsaichean dùthchail. Chaidh beachd a nochdadh gum faoidte mòran a bharrachd a dhèanamh gus Foghlam Meadhan Gàidhlig a chur air adhart do phàrantan ann an dòigh chunbhalach agus làidir. 'S e dleastanas reachdail a th' ann an seo.

3.3 Tha àrd-stiùirichean taobh a-staigh na buidhne-sgoiltean co-cheangailte gu math mothachail air co-theacsan ionadail agus dùthchail nan sgoiltean aca. Bha iad a' bruidhinn mu bhith a' daingneachadh lèirsinn airson 'dearbh-aithne Àird nam Murchan'. Còmhla ri beagan eile, b' e am miann aca gun a bhith a' call sgoilearan bho Bhun-sgoil Àird nan Gobhar tro bhith a' cur iarrtasan suidheachaidh gu sgoiltean eile. Anns an aithisg dheireannaich, bu chòir don chomhairle a bhith nas soilleire air mar a lùghdaicheas iad cnapan-starra do dh'iarrtasan bho phàrantan san àm ri teachd airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoiltean Loch Àlainn agus Àrd nan Gobhar. Bu chòir seo gabhail a-steach dèiligeadh ri cnapan-starra leithid nan cosgaisean còmhdhail agus an clàr-sgoilearan nas lugha a dh'fhaodadh nochdadh ann am foghlam dùthchail. Bu chòir don chomhairle cuideachd a bhith soilleir air mar a tha am moladh aca a' toirt taic do leudachadh uairean saor an-asgaidh maoinichte a tha rim faighinn tron Ghàidhlig airson clann aois trì gu còig bliadhna. Bu chòir don aithris air buannachd foghlaim a bhith a' toirt a-steach mar a tha am moladh a' dol a chuideachadh na comhairle a' coileanadh targaidean a' phlana Ghàidhlig aca airson nan ìrean àrd-sgoile. Tha seo na phàirt de churraicealam bogaidh leantail each 3-18.

3.4 Airson cuid de chlann a tha ag ionnsachadh tron Bheurla, tha cothromachd a' ciallachadh gu bheil cothrom aca air ionnsachadh leantail each Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd mar chànan a bharrachd. Tha an t-slighe seo cuideachd a' cur gu mòr ri bhith a' coileanadh targaidean a thaobh dealbhadh na comhairle airson na Gàidhlig. Tha e cuideachd bunaiteach do 'dhearbh-aithne Àird nam Murchan'. Bu chòir an aithris air buannachd foghlaim a bhith a' toirt a-steach mar as urrainn do chlann is daoine òga ann am Foghlam Meadhan Beurla a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig gu cunbhalach agus gu leantail each mar dhòigh air cothromachd a bhrosnachadh. Ann a bhith a' dèanamh seo, bu chòir soilleireachd a bhith ann mu na diofar bhuilean bho Ghàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Foghlam Meadhan Gàidhlig.

3.5 Feumaidh aithisg dheireannach na comhairle, ma thèid am moladh air adhart, a bhith a' toirt a-steach ullachaidhean airson dleastanas cùraim agus dìon do chlann a tha a' dèanamh thursan fada air busaichean gus faighinn gu Foghlam Meadhan Gàidhlig.

4. Geàrr-chunntas

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air beachdachadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìrean-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Àrd-sgoil Àird nam Murchan agus Bun-sgoil Àth Tharracail. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh gu bheil comas aig a' mholadh buannachdan foghlaim a libhrigeadh. Ach, tha pàirtean den mholadh fhathast rim beachdachadh. Tha seo airson dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd agus co-ionannachd aig gach neach-ionnsachaidh a tha a' dol air adhart gu Àrd-sgoil Àird nam Murchan san ionnsachadh aca den Ghàidhlig agus tron Ghàidhlig. Anns an aithisg dheireannaich aca, feumaidh a' chomhairle dèanamh soilleir ciamar a nì pàrantan iarrtasan san àm ri teachd airson solar Foghlaim Meadhan Gàidhlig a bharrachd a stèidheachadh, a rèir Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Bu chòir dhaibh sin a dhèanamh le aire shònraichte do sgìrean dùthchail. Feumaidh iad cuideachd cnapan-starra cothromachd san àm ri teachd a lasachadh, leithid cosgaisean còmhdhail agus ruigsinneachd air tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne tron Ghàidhlig. Dh'fhaodadh sin pàrantan a bhacadh bho iarrtas a chur a-steach airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir ro-innleachd shoilleir a bhith aig a' chomhairle gus na buannachdan agus na cothroman airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a chur air adhart ann an dòigh leantainneach, làidir. Bu chòir dhaibh cuideachd barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad air mar a shiùbhlas clann gu sàbhailte thar astar fada.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh An t-Samhain 2021